

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Ar-a-mach Bheàrnaraigh (1)

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,327. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,023 corresponds to Litir 1,327. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learnghaelic.scot/litir](http://www.learnghaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learnghaelic.scot](mailto:fios@learnghaelic.scot).*

Mus cuir sinn a' bhliadhna fichead is ceithir air fhichead (2024) an dàrna taobh, tha mi airson tachartas cudromach ann an eachdraidh nan Gàidheal a chomharrachadh. Thachair e o chionn ceud gu leth bliadhna ann an Eilean Bheàrnaraigh far costa siar Leòdhais. Ann am Beurla, bidh daoine a' gabhail 'The Bernera Riot' air.

Ach an e 'aimhreit' a bu chòir dhuinn gabhail air ann an Gàidhlig? Chaidh mi gu cunntas Gàidhlig mun tachartas, a bh' air a sgrìobhadh le fear a bhuineadh don eilean. B' esan Dòmhnall MacAmhlaigh – bàrd agus sgoilear Gàidhlig. Agus 's e 'Ar-a-mach' a chleachd esan anns a' chunntas aige anns an leabhar 'Oighreachd agus Gabhaltas' a chaidh fhoillseachadh ann an naoi ceud deug is ochdad (1980).

Beagan ron 'ar-a-mach', bha còraichean ionaltraidh aig muinntir Bheàrnaraigh air tìr-mòr Leòdhais air mòinteach Beinn a' Chuailein. Aig an àm sin, cha robh drochaid ann, ach cha robh sin gu diofar. Bhiodh na h-eileanaich a' falbh 's a' tighinn agus bha an còraichean air a' mhòintich air a bhith aca fad linntean.

Ge-tà, ann an ochd ceud deug, seachdad 's a dhà (1872), chaidh am fearann sin a thoirt bhuapa. Bha cumhachd mar sin aig na h-uachdarain. B' e uachdaran Eilean Leòdhais an Ridire Seumas MacMhathain. Bha esan air fortan a dhèanamh le bhith a' malairt opium ann an Sionaidh. Dh'fhàg e cùisean riaghlaidh làitheil don t-siamarlan aige, Dòmhnall Rothach. Bha gràin aig muinntir Leòdhais air an Rothach. Fo a stiùir-san, chaidh mòinteach Beinn a' Chuailein a dhèanamh na frìth.

Chaidh talamh mòintich eile a thoirt do na croitearan faisg air Iarsiadair. Ach bha sin na bu lugha. Agus bha aig na croitearan ri gàrradh-crìche a thogail eadar an talamh aca fhèin agus frìth Sgealasgro. Chan e sin a-mhàin, ach bha aig na croitearan ri pàigheadh airson sin! Chan fhaodadh iad beathach sam bith a chur air a' mhòintich gus an robh a' chrìoch dìonach. Bha sin dona gu leòr **ach bha na bu mhiosa a' tighinn.**

Bha aonta sgrìobhte ann mun chùis. Chaidh innse do na croitearan gum biodh còraichean aca don fhearann ùr fhad 's a bhiodh gan giùlan fhèin gu dòigheil agus a' pàigheadh am màl ann an deagh àm. Ach, an dèidh bliadhna gu leth, chaidh innse do na croitearan nach biodh an t-uachdaran a' cumail ris a' bhargan. **Cha bhitheadh** cead aca an cuid chaorach a chumail air mòinteach Iarsadair tuilleadh. Gheibheadh na croitearan tuathanas Thàcleit air an eilean fhèin. Ach chailleadh iad am fearann mòintich gu lèir aca air tìr-mòr Leòdhais.

Cha do ghabh na croitearan ri sin. Dh'iarr iad air an t-siamarlan an litir a shealltainn dhaibh a bha a' dearbhadh gun d'fhuair iad còraichean air Iarsadar bliadhna gu leth roimhe. Ach – obh obh – cha robh sgeul air an litir ann an oifis an t-siamarlain. Mar a sgrìobh Dòmhnall MacAmhlaigh, a' cleachdadh chromagan turrach, 'bha i air a dhol "air chall"'. Seadh.

Seo mar a mhìnichas Dòmhnall mar a thachair an uair sin. 'Chuir an siamarlan ... earraid, Cailean MacGillFhinnein, agus Seumas MacRath, am maor-fearainn, le pàipearan bàirlingidh chun an 56 croitearan a bha am Beàrnaraigh gan cur a-mach às an taighean is às an croitean agus às an còraichean mòintich an ath latha Bhealltainn.' Innsidh mi dhuibh mar a chuir na seòid Bheàrnarach an aghaidh sin an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Eilean Bheàrnaraigh: (*Great*) *Bernera*; aimhreit: *riot*; Dòmhnall MacAmhlaigh : *Donald MacAulay*; ar-a-mach (*also* *aramach*): *rebellion*; mòinteach: *hill, moor, rough grazings, peatland*; na bu lugha: *smaller*; aonta sgrìobhte: *written agreement*; tuathanas Thàcleit: *Haclete farm*; cromagan turrach: *inverted commas*; air chall: *lost*; seadh: *aye, right [said sceptically]*; earraid: *sheriff officer*; Cailean MacGillFhinnein: *Colin MacLennan*; Seumas MacRath: *James MacRae*; maor-fearainn: *land agent*; pàipearan bàirlingidh: *eviction notices*.

**Abairtean na Litreach:** Mus cuir sinn X an dàrna taobh: *before we put X aside*; fear a bhuineadh don eilean: *a man who belonged to the island*; bha còraichean ionaltraidh aig muinntir Bheàrnaraigh air tìr-mòr Leòdhais: *the Bernera people had grazing rights on the Lewis mainland*; bha an còraichean air a bhith aca fad linntean: *they had had their rights for generations/centuries*; chaidh am fearann sin a thoirt bhuapa: *that land was taken from them*; b' e uachdaran Eilean Leòdhais an Ridire Seumas MacMhathain: *the landlord of the Isle of Lewis was Sir James Matheson*; le bhith a' malairt opium ann an Sìonaidh: *by trading opium in China*; dh'fhàg e cùisean riaghlaidh làitheil don t-siamarlan aige, Dòmhnall Rothach; *he left the daily management to his factor, Donald Munro*; fo a stiùir-san, chaidh X a dhèanamh na frìth: *X was made into a deer forest*; bha aig na croitearan ri gàrradh-crìche a thogail: *the crofters had to build a boundary wall*; bha aig X ri pàigheadh: *X had to pay*; chan fhaodadh iad beathach sam bith a chur air a' mhòintich gus an robh a' chrìoch dìonach: *they couldn't put any animal on the hill until the boundary was secure*; gum biodh còraichean aca don fhearann ùr fhad 's a bhiodh gan giùlan fhèin gu dòigheil: *that they would have rights to the new land as long as they carried themselves properly*; pàigheadh am màl ann an deagh àm: *paying their rent(s) in good time*; nach biodh an t-uachdaran a' cumail ris a' bhargan: *that the landlord wouldn't keep [his side of] the bargain*; gan cur a-mach às an taighean: *to evict them from their houses*; an ath latha Bhealltainn: *next Beltane Day*.

**Puing-chànain na Litreach:** Cha bhitheadh cead aca an cuid chaorach a chumail air mòinteach Iarsiadair tuilleadh: ***they would*** no longer have permission to keep their sheep on the Iarsiadar rough grazings. I have here used the emphatic form bhitheadh rather than the normal conditional form of the verb 'to be' which would be bhiodh. Note the pronunciation which matches the spelling.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** ach bha na bu mhiosa a' tighinn: ***but worse was to come [was coming].***

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*